



[MacCoinnich, A.](#) (2023) Vincent McKee, Gaelic Neighbours: Scotland and Northern Ireland, 1918-2021: comparative politics of language and culture – worlds apart! (Takahe Publishing, Coventry, 2022). ISBN 978-1-908837-25-7, ga reic aig £19.95. [Stornoway Gazette](#), 26 Jan, [Book Review]

There may be differences between this version and the published version. You are advised to consult the published version if you wish to cite from it.

<https://eprints.gla.ac.uk/310153/>

Deposited on 30 November 2023

Enlighten – Research publications by members of the University of Glasgow
<http://eprints.gla.ac.uk>

Vincent McKee, *Gaelic Neighbours: Scotland and Northern Ireland, 1918-2021: comparative politics of language and culture – worlds apart!* (Takahe Publishing, Coventry, 2022). ISBN 978-1-908837-25-7, ga reic aig £19.95.

Tha leabhar ùr air nochdadh o Vincent McKee a tha toirt sùil air cor nan cànanan Gàidhealach ann an Alba agus Ulaidh agus gan coimeas taobh ri taobh. Is e dà leth gu math eadar-dhealaichte a th' air an leabhar - mar a bhiodhte an dùil le leithid de thiotal. Ulaidh an toiseach. Tha mòran anns an leabhar a tha na shùileachan dhuinne, ann an Alba, air suidheachadh na Gaeilge an Ulaidh. 'S e sealladh gu math eadar-dhealaichte a gheibh sinn air suidheachadh Ulaidh, c.1960-2022, anns an leabhar an coimeas ris na bha sinn a' faicinn is a' cluinntinn tro mheadhanan Breatannach rè àm nan 'Trioblaidean'. Gu dearbha, is ann air làraich cogaidhean, 1594-1603, a chaidh riaghladh Bhreatainn an Ulaidh a bhanntachadh. Leanadh sin le 'planntachadh' (de Shasannaich is Albannaich Ghallda) an Ulaidh o thoiseach na 17mh linn. Bha a' mhòr-chuid de Bhreatainn aig an robh làmh an uachdair an Ulaidh riamh on uairsin a' dèanamh tàire air Gaeilge. Agus, ghabh Gaeilge rathad gu math eadar-dhealaichte an Ulaidh an taca ri Gàidhlig an Alba air sàillibh na h-eachdraidhe seo. Bha Gaeilge aig cridhe iomairt ath-bheothachaidh chultuirail agus poileataigeach nan Èireannach anns an 19mh agus an 20mh linn: is Gaeilge bunaiteach do dh'fhèin-aithne nam poblachdach Èireannach: a bha, is a tha, a' strì an aghaidh riaghladh Bhreatainn. Air an adhbhar seo, ma bhathar a' togail bratach na Gaeilge an Ulaidh is e gnìomh poileataigach a bh' ann an sin. Tha Gaeilge na rud a bha (is a tha) na dhùbhlan do luchd an Aonaidh an Èirinn.

Tha mòran anns an sgeul seo a chuireas iongnadh air Gàidheal Albannach. Tha cunntas ann air na cnapan-starra a bha tighinn a dh'ionnsaigh luchd na Gaeilge an Ulaidh a thaobh coimhearsnachd is cànan. Cha bhi sinn cho mothachail an Alba air an àite a bh' aig buidhnean leithid Cumann Luthchleas nan Gàidheal ann an strì chultuirail. Bha iomain-Èireannach agus cur-seachadan leithid ball-coise Gàidhealach bunaiteach ann a bhith a' togail bratach chultuirail agus poileataigeach na Gaeilge an Ulaidh.

Ma tha Èirinn na àite annasach do na h-Albannaich. Feumaidh gu bheil cor na Gàidhlig an Alba a' dèanamh obair-inntinn do na h-Èireannaich. An àite a bhith a' strì ri Breatainn mar bha na h-Èireannaich is ann a tha luchd na Gàidhlig is gu h-àraid na buidhnean Gàidhlig (air a bheil fòcas anns an leabhar seo) an eisimeil riaghaltas agus mòrachdan Bhreatainn. Is e Mòd Nàiseanta "Rìoghail" a th' againn - saoil carson 'Rìoghail' - agus an e rud math tha sin? Tha McKee, ge-tà, dhen bheachd gu bheil leithid de ro-innleachd soirbheachail do na h-Albannaich agus tha e a' smaoineachadh gur e rud math a bh' ann gun robh leithid a' Bhana-phrionnsa Anna deònach taic a thoirt dhan Mhòd, leis gun robh a' Ghàidhlig cho lag agus an eisimeil slìobadh nam mòrachdan (no 'good will and patronage,' 137). Is math an sgàthan sùil caraid – ged a chithear faileas ris nach nach biodh dùil air uairean.

Tha an t-ùghdar a' dèanamh àrd mholadh air luchd-iomairt na Gàidhlig, is fòcas aige air gaisgich a bha sàs anns na buidhnean sin: leithid Comunn na Gàidhlig is eile is am piseach a thàinig air cor oifigeil na Gàidhlig eadar craoladh, foghlam is aithne oifigeil air an 50 bliadhna mu dheireadh. Tha am fòcas gu mòr anns an leabhar seo air an adhartas – agus cha bheag sin – a choisinn luchd coiteachaidh na Gàidhlig.

'S e leabhar tha seo a th' air a sgrìobhadh ann an stoidhle beòthail is tarraingeach, ged a chithear corra mhearachd (m.e, aig t.d. 62) - is tha cus clisg-phuingean gan cleachdadh. Tha rudan ann a thaobh eachdraidh nach eil ceart. Thathar ag ràdha, mar eisimpleir, gur ann le Aonadh Bhreatainn, 1707, a thòisich crìonadh na Gàidhlig an Alba (17) – cha b' ann idir (feuch an 12mh linn) – is chan eil tuigse ro mhath an seo air an sgaradh eachdraidheil eadar Gàidhealtachd is Galldachd. Tha e ag

ràdha (t.d. 5), nach e cànan a th' ann an Scots: – uill, chan e sin do UNESCO e. Chan eil cus aithne anns an leabhar seo air cor na Cuimris: cànan Ceilteach a tha soirbheachail taobh a-staigh cèis Bhreatainn (seo cleas a dh'obraich do Vincent eile: Vincent Durkacz uaireigin leis an leabhar aige, *The Decline of the Celtic Languages*). Ach, faodaidh nach eil na puingean sin ro chudromach leis gur ann air Alba agus Ulaidh aig deireadh an 20mh (is an 21mh) linn a tha leabhar McKee ag amas. Agus, feumar an t-ùghdar a mholadh air an leudachd rannsachaidh a chaidh a dhèanamh thairis air an dà dhùthaich.

Carson, a-rèist a bu chòir an leabhar seo a thogail is cò gheibh luach às? Uill, tha an sgeulachd air Èirinn na chunntas a bhios tarraingeach do dhaoine aig a bheil ùidh ann an iomairtean cànanan an Alba (is inntinneach gu leòr do na h-Èireannaich cuideachd, is cinnteach). A thaobh Alba dheth, is ann air agallamhan le luchd-iomairt cànanan (is luchd buidhnean Gàidhlig) a tha a' mhòr-chuid dhen leabhar stèidhichte. Tha seo na bhuannachd ach tha e cuideachd na chrois. Tha e na bhuannachd leis gu bheil e a' toirt dhuinn sealladh nan gaisgeach seo (o shealladh nan gaisgeach sin fhèin) air mar a bha iad a' feuchainn ri bhith a' "sàbhaladh" – no co dhiù a' seasamh còraichean a' chànain. Tha seo na chrois, oir mar a tha an t-ùghdar ag aithneachadh (na ghuth thàmh) nach e sàbhaladh ach crìonadh a thachair anns a h-uile coimhearsnachd Gàidhealach air an 50 bliadhna mu dheireadh. Ach, air sin a ràdha, chan eil teagamh ann gun tàinig piseach mòr air na *buidhnean* Gàidhlig, air an fhoghlam, an craoladh is air inbhe oifigeil a' chànain: agus tha an leabhar seo a' dèanamh obair luachmhor ann a bhith a' cur na sgeulachd seo an cèill.